

1260/411

TEISTEANAS
NÀISEANTA
2011

DIMÀIRT, 24 CÈITEAN
1.00 F - 3.00 F M

CRUINN-EÒLAS
AN ÌRE CHOITCHEANN
Sàr Ìre

Bu chòir gach ceist fheuchainn.

Leugh na ceisteann gu faiceallach. Bu chòir do na freagairtean agad buntainn gu dlùth ris a' cheist agus a bhith air an cur an cèill gu soilleir.


Gabhaidh comharraighean a bharrachd a chosnadhl le mapaichean-sgeidse agus diagraman a tha freagarrach.

Sgriobh gu cuimir ann an dòigh a ghabhas leughadh, agus fàg rùm mu thimcheall aon cm eadar na sreathan-sgrìobhaidh.

Chaidh na mapaichean agus na diagraman gu lèir anns a' phàipear seo a chlò-bhualadh ann an dubh a-mhàin: cha deach dathan sam bith eile a chleachdadadh.

1.

Diagram Q1A



1. (a' leantainn)

Tha a' cheist seo a' buntainn ris an Earrainn-Mhapa Tomhas Riaghaltais (Àir. 1880/20) de sgìre Inbhir Pheofharain agus Diagram Q1A air *Duilleag 2*.


(a) Maids gach feart ainmichte gu h-ìosal leis a' chomharra-clèithe cheart.

Feartan: gleann crochte, coire, spor buntach giorraichte.

Tagh bho na comharraidhean-clèithe: 525658, 467677, 435663, 476683.

3

Diagram Q1B: Roinn-tarsainn bho Chomharra-clèithe 466658 gu Comharrachadh 510580 a' sealltainn mar a tha am fearann air a chleachdadadh



(b) Coimhead air an earrainn-mhapa agus lorg an roinn-tarsainn a tha air a shealltainn air Diagraman Q1A agus Q1B.

Dèan sgrùdadadh air an earrainn-mhapa agus an roinn-tarsainn.

Thoir adhbharan seachad airson na diofar dhòighean air fearann a chleachdadadh thairis air an roinn.

5


[Tionndaidh an duilleag]

1. (a' leantainn)

- (c) Coimhead air an earrainn-mhana agus lorg Sgìre X air Diagram Q1A.
- Tha moladh ann gum biodh an sgìre seo air a leasachadh mar ionad sgithidh.
- Dè na buannachdan **agus** na h-eas-bhuannachdan a bhiodh an cois an sgìre seo a chleachdadh airson leasachadh den t-seòrsa sin?
- Cleachd fianais bhon mhapa nad fhreagairt.

5

(d) **Diagram Q1C: Feartan a tha fàbharach airson Inbhe Pàirc Nàiseanta**



Coimhead air an earrainn-mhana agus Diagram Q1C gu h-àrd.

Dè an ìre gu bheil thu ag aontachadh gum biodh an earrainn-mhana gu lèir freagarrach airson Pàirc Nàiseanta?

Feumaidh tu beachdachadh air co-dhiù **a dhà** de na feartan ann an Diagram Q1C.


Cleachd fianais bhon mhapa nad fhreagairt.

5

- (e) Lorg an làrach carabhain agus campachaidh ann an ceàrnag-clèithe 5558.
- An e suidheachadh math a tha seo airson làrach carabhain agus campachaidh?
- Cleachd fianais bhon mhapa nad fhreagairt.

4

2.

Diagram Q2: Arete Càrn Mòr Dearg

Coimhead air Diagram Q2.

Minich mar a chaidh an arête a chruthachadh.

Faodaidh tu diagram(an) a chleachdadadh airson taic a thoirt dod fhreagairt.

4

[Tionndaidh an duilleag

3. **Diagram Q3A: Clàr Aimsir, 31 an Dùblachd 2006, 4.00 feasgar**




Diagram Q3B: Ceann-naidheachd, 1 am Faoilleach 2007

Glaschu a' cur stad air Partaidh-sràid na Callainn dìreach uairean a thìde ro mheadhan-oidhche

Chaidh partaidh air adhart ann an Lunnainn far an tug miltean a-steach a' Bhliadhna Ùr ann an Ceàrnag Trafalgar.

Coimhead air Diagraman Q3A agus Q3B.

Le fianais bhon chlàr aimsir, **mìnich** carson a chaidh partaidh na Bliadhna Ùire air adhart ann an Lunnainn ged a chaidh stad a chur air an tachartas ann an Glaschu.

4. Diagram Q4A: Dèanamh Ola Pailm agus Còmhdaich Coille-uisge 1964-2009





Diagram Q4B: Beagan Fiosrachaidh mu Ola Pailm agus Indonesia

4·3 millean heactair de ionad-cur ola pailm. Cuir às do Àrainn Orang-utan Indonesia (apa) airson.



Coimhead air Diagraman Q4A agus Q4B.

"Tha milleadh na coille-uisge na chosgais iseal an coimeas ri na buannachdan mòra a tha e air a thoirt a dh' Indonesia."

Dè an ire gu bheil thu ag aontachadh ris an abairt seo?

Thoir adhbharan airson do fhreagairt.


Comharraidhean

KU ES

5

[Tionndaidh an duilleag

5.

Diagram Q5: Diofar Roinnean ann am Baile Mòr

- CLÀR
- Priomh rathad
- Loidhne rèile le stèisean
- Abhainn
- ▲ Taigh ga reic
- Ionad bùtha sgìreil
- Sgoil □ Àrd-sgoil
- Raon goilf
- Seann àrainn gnìomhachais

- (a) Tha Mgr agus a' Bh-ph Boal agus an dithis dheugairean cloinne a' gluasad chun a' bhaile mhòir a tha air a shealltainn gu h-àrd.

Tha iad air taighean fhaicinn rin reic anns na trì làraich a tha air an sealltainn.

Dè an làrach a tha thu a' smaoineachadh a bu chòir dhaibh taghadh?

Thoir adhbharan seachad airson do roghainn.

5

- (b) Minich dòighean a dh'fhaodadh sgoilearan a chleachdadh airson fiosrachadh a chruinneachadh mu na h-eadar-dhealachaidhean eadar na trì làraich anns a' bhaile mhòr.

Thoir adhbharan seachad airson do roghainn.

5

6. **Diagram Q6: Gluasadan Ann an Tuathanas Bho Chionn Ghoirid**

**Barrachd air a reic ann am bùth
an tuathanais na riamh roimhe**

**EU a' Gearradh Subsadaidh
Tuathanais**

**Bacadh a' Ghalair Roillich a'
Bualadh gu Cruaidh air
Tuathanaich**

**Luchd-ceannach a'
tionndadh gu toradh
organaic**

**Blàthachadh na Cruinne
a' meudachadh an
àireamh de bhiastagan**

**Poileasaidh nas Fhosgailte a'
Brosnachadh Barrachd Dhaoine
gu dhol do Sgìrean Dùthchail**

**Taic Airgid do Thuathanais
Airson Dìon na
h-àrainneachd suas gu 60%**

**Prìsean Connaidh
ag èirigh gu luath**

Coimhead air Diagram Q6.

**"Tha cothroman anns an àm ri teachd airson tuathanaich Albannach ann
an 2012 a' coimhead mi-dhòchasach agus mi-chìnnteach."**


A bheil thu ag aontachadh gu tur leis an abairt seo?

Thoir adhbharan airson do fhreagairt.

5


[Tionndaidh an duilleag

Diagram Q7A: Moladh airson Leudachadh Port-adhair Heathrow ann an Lunnainn



7. (a' leantainn)

Diagram Q7B: Argamaidean airson agus an aghaidh Leudachadh Heathrow




Coimhead air Diagraman Q7A agus Q7B.

Dè na buannachdan **agus** na h-eas-bhuannachdan a bheireadh leudachadh air Port-adhair Heathrow gu taobh an Ear-Dheas Shasainn?

[Tionndaidh an duilleag

8. **Diagram Q8: Pàirc Rannsachaidh Heriot Watt, Dùn Èideann**




Coimhead air Diagram Q8.

'S e **sgìre gniomhachais** a th'ann am páirc-rannsachaidh, àite far am bi comparaidhean a' dèanamh **agus** a' rannsachadh bathar àrd-theicnigeach mar uidheam meanbh-eileagtronaigeach agus bith-teicnigeach.

Minich carson a tha Pàirc Rannsachaidh Heriot Watt na làrach math airson companaidhean.

9.

Diagram Q9A: Far a bheil Ceinia ann an Afraga**Diagram Q9B: Tomhas Air Àireamh-Sluaigh 's na Bliadhnaichean a tha Romhainn ann an Ceinia**

| Bliadhna | 2000 | 2025 | 2050 |
|--|------|------|------|
| % a' fuireach ann an sgìrean dùthchail | 80 | 70 | 52 |
| % a' fuireach ann am bailtean | 20 | 30 | 48 |

- (a) Coimhead air Diagraman Q9A agus Q9B gu h-àrd.

Thoir adhbharan seachad airson an atharrachaiddh ann an àireamh-sluaigh Ceinia.

5

- (b) Coimhead air Diagram Q9B gu h-àrd.

Dè na dòighean eile a dh'fhaodadh a bhith air an cleachdad airson am fiosrachadh anns a' chlàr a shealltainn?


Thoir adhbharan airson do roghainn(ean).

5

[Tionndaidh an duilleag]

| KU | ES |
|----|----|
| | |

10. Diagram Q10: Làn-thoradh Dùthchail (GDP) gach Neach agus Àireamh Breith gach boireannach ann an Dùthchannan Taghte



Coimhead air Diagram Q10 gu h-àrd.

“Tha Làn-thoradh Dùthchail a rèir gach Neach na thomhas air beartas.”


Minich carson a tha ceangal eadar Làn-thoradh Dùthchail a rèir gach Neach agus Àireamh Phàistean air am Breith a rèir gach boireannach mar a tha air a shealltainn anns a' chlàr gu h-àrd.

5

11.

Diagram Q11A: Fiosrachadh Taghte Mu Àireamh-sluaigh

| | |
|------------------------------|-------------|
| AE (a' toirt a-steach an RA) | 490 million |
| Na Stàitean Aonaichte | 305 million |
| Iapan | 127 million |
| RA | 60 million |

Diagram Q11B: Feartan Taghte bhon Aonadh Eòrpach

Coimhead air Diagraman Q11A agus Q11B.

“Airson na Rìoghachd Aonaichte, tha ballrachd den Aonadh Eòrpach a’ toirt barrachd bhuannachdan na eas-bhuannachdan.”

A bheil thu ag aontachadh gu tur leis an abairt seo?

Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt.

[CRÌOCH A’ PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]